# AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG 2018-2023

BÒRD NA GÀIDHLIG

AM PLANA CÃNAIN NÁISEANTA GÃIDHLIG 2018-2023

# CLÀR-INNSE


1 FACLAN-TOISICH 8

2 RO-RÀDH 12

3 AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG - SEALLADH FARSAING 14

6 COIMHEARSNACHDAN GÀIDHLIG 34

7 A' CLEACHDADH NA GÀIDHLIG 38

4
PRÌOMHACHASAN NÀISEANTA
20

5
A’ GHÀIDHLIG SAN LATHA AN-DIUGH
24

8
IONNSACHADH NA GÀIDHLIG
44

9
A’ CUR NA GÀIDHLIG AIR ADHART
50

10
COILEANADH IS SGRÙDADH
54

# PRÌOMH PHUINGEAN

## BUINIDH A' GHÀIDHLIG DO DH'ALBA AIR FAD.

Buinidh i don linn a dh'fhalbh, don latha an-diugh agus don àm ri teachd. Tha a' Ghàidhlig na pàirt de ar n-eachdraidh is ar dualchas. Tha i cudromach ann am beatha muinntir na h-Alba san latha an-diugh agus cuidichidh am Plana seo gus suidheachadh a' chànain a neartachadh san ùine air thoiseach.

## THA AMAS SOILLEIR AGAINN AIRSON NA GÀIDHLIG.

'S e ar n-amas gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean.

## FEUMAIDH IOMADH DUINE IS BUIDHEANN CUIDEACHADH LEIS AN AMAS SEO.

Chan ann an urra ri aon bhuidheann no coimhearsnachd a tha an t-amas seo, agus bidh aig iomadach buidheann is duine ri cuideachadh le bhith ga choileanadh.

## BHEIR CÙISEAN EILE BUAIDH AIR AN AMAS SEO.

Tha grunn chùisean, leithid na h-eaconamaidh is bun-structar, a bheir buaidh air adhartas, agus nì sinn cinnteach gun toirear fa-near don bhuaidh a th' aca air a' Ghàidhlig agus gun tèid dèiligeadh ri sin.

## DÈ DH'FHEUMAS SINN A DHÈANAMH?

Tha am Plana seo, sna duilleagan a leanas, a' sealltainn gu soilleir nam prìomhachasan is nan ceumannan a tha dhìth gus an t-amas seo a thoirt gu buil agus dè an taic a tha dhìth bhuaibh fhèin.

# 'S E AR N-AMAS GUN TÈID GÀIDHLIG A CHLEACHDADH NAS TRICE, LE BARRACHD DHAOINE AGUS ANN AM BARRACHD SHUIDHEACHAIDHEAN.

## Fàs nas luaithe is buaidh nas fharsainge

Tha sinn riaraichte gu bheil prìomhachasan a' Phlana seo freagarrach airson fàs a thoirt air a' Ghàidhlig aig ìre nas luaithe ann an Alba.

## A' togail air deagh adhartas

Tha am Plana seo a' togail air deagh adhartas a tha air a bhith ann a-cheana, agus tha e a' tabhann bhuannachdan is chothroman do dhaoine fa leth, teaghlaichean, coimhearsnachdan, agus buidhnean saor-thoileach, prìobhaideach agus poblach.

## Caochladh gheallaidhean ùra

Tha taghadh dùbhlanach sa Phlana de phrìomh raointean far am feumar an t-adhartas a rinneadh mu thràth a chumail a' dol agus a bhith a' cur ris, agus de phrìomh gheallaidhean a nì diofar don Ghàidhlig nar beachd-ne.

## Leasachaidhean cudromach sa choimhearsnachd, ann am foghlam, sna meadhanan is san eaconamaidh

Am measg nam prìomh gheallaidhean sin tha: gun toirear sùil as ùr air mar a ghabhas taic a thoirt do choimhearsnachdan ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig air a bruidhinn le àireamh mhath den t-sluagh; gun dèan sinn cinnteach gum bi buaidh cho mòr 's as urrainn aig an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig; gun cùm sinn oirnn a' toirt taic do MG ALBA is an obair aca agus gun tèid iomairtean didseatach ùra a thoirt air adhart.

## Buaidh shòisealta is eaconamach

Tha am Plana a' togail air a' bhuaidh mhòir a th' aig Gàidhlig air cùisean sòisealta ann an Alba. Tha e cuideachd a' togail air na cothroman eaconamach a thig bhon Ghàidhlig.

## Com-pàirteachas is buaidh nas fharsainge

Tha cothroman matha ann gus adhartas a dhèanamh leis na geallaidhean a tha ùghdarrasan is buidhnean poblach air a dhèanamh, gus com-pàirteachasan ùra a chur air chois agus airson beachdachadh air mar as urrainn don Ghàidhlig buaidh a thoirt air cùisean ann an seagh nas fharsainge.

# FACLAN-TOISICH 1

Tha e a’ toirt toileachas mòr dhomh moladh a dhèanamh air an obair a rinn Bòrd na Gàidhlig le bhith ag ullachadh a’ Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig ùir seo agus iad a’ toirt dhuinn stiùireadh soilleir air mar a ghabhas fàs a thoirt air a’ Ghàidhlig thairis air an ath chòig bliadhna.

Tha mi air a bhith aig iomadh tachartas Gàidhlig agus air eòlas fhaighinn air iomadh iomairt Ghàidhlig sna beagan bhliadhnaichean a dh’fhalbh, agus thug iad misneachd is toileachas mòr dhomh. Aig tòrr de na tachartasan sin, bha lèirsinn is dealas nan daoine a bha an sàs annta ro fhollaiseach agus bha iad air an lìbhrigeadh is air an coileanadh gu sàr-mhath.

Chan eil cho fada sin bho nach robh gin de na structaran againn airson na Gàidhlig a th’ againn a-nis, agus air sgàth seo bha cor na Gàidhlig a’ fulang ann an Alba. Tha seo a-nis air atharrachadh. Tha iomadh leasachadh làidir agus taiceil ann a-nis airson na Gàidhlig agus mar thoradh air seo tha sinn a’ faicinn deagh adhartas.

’S dòcha nach e am facal-toisich goirid seo an t-àite ceart airson pròiseactan fa leth neo eisimpleirean de dh’adhartas a chomharrachadh, ach ’s e seo gu dearbh an t-àite ceart a ràdh gu bheil iomadh leasachadh Gàidhlig air a bhith ann a tha innleachdach, fìor mhath agus air thoiseach air càch sna roinnean aca.

Tha e cuideachd air a bhith math fhaicinn gu bheil iomadh iomairt Ghàidhlig air a bhith nan deagh eisimpleirean de cho-obrachadh agus de chom-pàirteachas. Feumaidh sinn seo a chumail a’ dol agus tha mi airson a h-uile ùghdarras agus buidheann a bhrosnachadh gus smaointinn air na dòighean san urrainn dhaibh co-obrachadh ann a bhith a’ cur na Gàidhlig air adhart san raon no sgìre aca fhèin.

Feumaidh sinn cumail oirnn leis an adhartas, agus cumail oirnn a’ cur aghaidh ri agus a’ lorg fhuasglaidhean airson nan dùbhlan a tha romhainn agus sinn ag obair gus an àireamh dhaoine a tha a’ cleachdadh, ag ionnsachadh agus a’ bruidhinn na Gàidhlig ann an Alba àrdachadh.

’S iad prìomh amasan a’ Phlana seo adhartas a dhèanamh le bhith a’ cur na Gàidhlig air adhart,

le ionnsachadh na Gàidhlig agus cleachdadh na Gàidhlig. Tha mi an làn dùil gun dèan na h-amasan seo cinnteach gun cùm sinn oirnn a' dèanamh deagh adhartas agus gum faic sinn na leasachaidhean a tha dhìth.

Tha mi airson Bòrd na Gàidhlig a mholadh airson am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig airson 2018-23 ullachadh. 'S e Plana a tha seo airson Alba air fad, airson daoine fa leth, coimhearsnachdan, buidhnean agus ùghdarrasan.

Tha mi a' coimhead air adhart ri barrachd adhartais fhaicinn leis na h-amasan seo agus barrachd eisimpleirean làidir de cho-obrachadh agus sinn a' dèanamh adhartas leis na prìomhachasan agus geallaidhean a tha sa Phlana seo.

## IAIN SWINNEY, BPA

### Leas Phrìomh Mhinistear agus Rùnaire a' Chaibineit airson Foghlam agus Sgilean

# AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG 2018-2023

Tha e na thoileachas mòr dhomh Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig airson 2018-23 a chur fo ur comhair, a chaidh a sgrìobhadh ann an co-bhuinn agus ann an com-pàirt ri iomadach buidheann is duine a thug beachdan dhuinn air na bu chòir a bhith sa Phlana seo. Bu mhath leam taing mhòr a thoirt don a h-uile duine a chuidich is a thug taic phrìseil dhuinn gus am Plana seo a dhealbh.

'S e prìomh theachdaireachd a' Phlana seo, gum feum Gàidhlig a bhith air a cleachdadh barrachd agus gum bu chòir dhi a bhith aig cridhe na nì sinn mar dhaoine, teaghlaichean, coimhearsnachdan, buidhnean poblach, prìobhaideach agus saor-thoileach. Ma chleachdas barrachd dhaoine de gach aois a' Ghàidhlig nas trice, thig i am feabhas gu cinnteach.

’S e ar ceann-uidhe gun tèid Gàidhlig a chleachdadh barrachd tro bhith a’ dèanamh làn fheum de na buannachdan sòisealta, eaconamach is foghlaim a thig bhon chànan ann an Alba. Mar phàirt de sin, nithear cinnteach gum bi a’ Ghàidhlig an teis-meadhan leasachaidhean eaconamach – sna sgìrean far a bheil agus far an robh dualchas làidir na Gàidhlig – leithid nan leasachaidhean a tha san amharc ann an Loch Abar, Ros an Iar, Uibhist a Deas agus ann an Leòdhas. Nithear feum, ann an dòighean cruthachail is ùra, de na cothroman a gheibhear leis na meadhanan didseatach is teicneòlas, airson òigridh a bhrosnachadh is a tharraing chun na Gàidhlig; agus nithear feum de na cothroman a thig bho ìrean-coileanaidh àrda am measg sgoilearan ann am Foghlam tron Ghàidhlig.

Tha e riatanach cuideachd gun tig tuilleadh leudachaidh air na th’ ann de chothroman do dhaoine de gach aois Gàidhlig ionnsachadh. Tha am Plana ag aithneachadh nan dùbhlan a th’ ann nuair a thig e gu bhith a’ fastadh agus a’ toirt trèanadh do luchd-obrach a tha comasach is uidheamaichte gus dèiligeadh ris an iarrtas a tha a’ sìor dhol a meud airson foghlam Gàidhlig,  agus mar sin tha geallaidhean ùra ann airson barrachd shlighean dreuchdail a stèidheachadh do luchd-obrach san roinn fhìor chudromach seo.

Leis gach leasachadh seo tha sinn airson togail air na ceanglaichean eadar cleachdadh, ionnsachadh is adhartachadh a’ chànain gus freagairt air suidheachadh sòisealta is eaconamach gach coimhearsnachd fa leth - sgìrean dùthchail Gàidhlig, luchd-labhairt na Gàidhlig ann am bailtean is bailtean-mòra na h-Alba agus Gàidheil an t-saoghail mhòir a tha ceangailte ri chèile tro mheadhanan didseatach.

Tha dleastanas air Bòrd na Gàidhlig cuideachadh le bhith a’ toirt earrainnean cudromach den Phlana seo gu buil agus gus dèanamh cinnteach gun tèid an iomairt nàiseanta gus fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig a chur an sàs ann an dòigh cho-òrdanaichte is lèirsinneach air feadh nan roinnean poblach, prìobhaideach is saor-thoileach agus ann an dòigh a nì feum math den ionmhas a th’ ann. Thèid Ro-innleachd Coileanaidh fhoillseachadh sia mìosan às dèidh don Phlana seo a bhith air a thoirt a-mach, a sheallas ciamar a thèid na prìomhachasan is geallaidhean a thoirt gu buil, a mheasadh agus a sgrùdadh.

Thug daoine taic mhòr agus nochd iad deagh rùn is spèis don Ghàidhlig fhad ’s a bha Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig seo ga ullachadh, agus tha mi an dòchas gun lean sin rè ùine a’ Phlana agus gum bi barrachd dhaoine de gach aois a’ cleachdadh na Gàidhlig nuair a thig 2023.

’S iomadh cothrom a tha a’ Ghàidhlig a’ toirt don a h-uile duine ann an Alba agus tha mi an dòchas gun toir am Plana seo cothrom dhaibh uile a thighinn còmhla rinn air an turas a tha romhainn agus a tha ro na ginealaich ri thighinn.

**Ailean Dòmhnallach**
**Cathraiche, Bòrd na Gàidhlig**

# RO-RÀDH

# 2

**Seo an treas Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig. Bidh e a' gabhail a-steach nam bliadhnaichean 2018-23 agus tha e mar dhleastanas reachdail oirnn ullachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Mar a dh'fheumar fon Achd, chaidh am Plana seo ullachadh le Bòrd na Gàidhlig agus aontachadh le Ministearan na h-Alba.**

**Seallaidh am Plana mar as urrainn do Riaghaltas na h-Alba (RnA), Bòrd na Gàidhlig, ùghdarrasan poblach, buidhnean saor-thoileach is prìobhaideach, coimhearsnachdan, teaghlaichean is daoine fa leth bho air feadh Alba cuideachadh le bhith a' coileanadh an amais, nam prìomhachasan is nan geallaidhean a chithear sna duilleagan a leanas.**

## Cruth a' Phlana

Bu mhath leinn cruth a' Phlana a mhìneachadh. San ath earrainn tha Sealladh Farsaing a mhìnicheas àrd-amas a' Phlana seo agus na prìomh raointean air an cuir sinn cuideam sònraichte le ar taic is nar n-obair.

Tha barrachd fiosrachaidh mhionaidich an uair sin ann an Earrainn 4. Tha e a' mìneachadh mar a bhuineas a' Ghàidhlig ri prìomhachasan nàiseanta, farsaing agus mar as urrainn don Ghàidhlig cur ri cinn-uidhe nàiseanta.

## A' Ghàidhlig san Latha An-diugh

Tha Earrainn 5 a' toirt sùil air àite na Gàidhlig ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte agus gu h-eadar-nàiseanta, agus air an adhartas a rinneadh o chionn beagan bhliadhnaichean agus tha e a' comharrachadh far a bheil adhartas fhathast a dhìth. Tha an earrainn seo a' mìneachadh carson a chaidh na prìomhachasan is geallaidhean ùra a thaghadh.

## Coimhearsnachdan Gàidhlig

Ann an Earrainn 6, tha am Plana a' mìneachadh mar a thathar a' toirt fa-near do thrì seòrsaichean coimhearsnachd san fharsaingeachd leis na prìomhachasan is geallaidhean. Tha e soilleir nach biodh e freagarrach prìomhachasan a stèidheachadh gun a bhith a' toirt an aire don eadar-dhealachadh eadar diofar choimhearsnachdan, agus tha an earrainn seo a' toirt iomradh air na feumalachdan diofraichte aig gach seòrsa coimhearsnachd.

## Prìomhachasan is Geallaidhean

Às dèidh seo, ann an earrainnean 7, 8 is 9, tha am Plana a' tilleadh don amas agus na prìomh raointean agus chithear barrachd fiosrachaidh mhionaidich sna h-earrainnean seo. Mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, bidh cuideam sònraichte ga chur air na raointean air a bheil prìomhachas, agus tha grunn gheallaidhean cudromach ann a tha sinn den bheachd a neartaicheas na raointean far a bheil tòrr a' tachairt mu thràth.

## Coileanadh is Sgrùdadh

Tha fiosrachadh ann an Earrainn 10 air mar a thèid am Plana a choileanadh, a sgrùdadh agus ath-sgrùdadh. Bidh an Ro-innleachd Coileanaidh agus na h-aithisgean-sgrùdaidh bliadhnail gu math cudromach ann a bhith a' dèanamh cinnteach gun tèid am Plana a thoirt gu buil.

AM PLANA CÀNAIN NÀISEANTA GÀIDHLIG 2018-23

# SEALLADH FARSAING

3

## Ar n-Amas

**’S e ar n-amas gun tèid Gàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann am barrachd shuidheachaidhean. Bheir sinn an t-amas sin gu buil le bhith a’ toirt prìomhachas do na trì cinn gu h-ìosal:**

**A’ toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig**

**A’ toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig**

**A’ cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig**

## Prìomh Raointean

**Tha sinn a’ cur nam prìomh raointean an cèill gu soilleir far an cùm sinn oirnn a’ dèanamh adhartas leis an amas gu h-àrd.**

## Geallaidhean

**Tha sinn cuideachd ag ainmeachadh nam prìomh gheallaidhean a choileanas sinn gus adhartas nach beag a dhèanamh sna prìomh raointean.**

## Luchd-compàirt

**Bidh co-obrachadh agus co-òrdanachadh a dhìth leis a’ Phlana seo agus ainmichidh sinn am prìomh luchd-compàirt a bheir taic don obair agus bheir sinn iomradh air nas urrainn dhaibh a dhèanamh airson Gàidhlig a neartachadh.**

## A’ CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

### A’ toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig

Le seo, bidh luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh a’ cleachdadh a’ chànain barrachd. Tha e a’ ciallachadh gum bi barrachd shuidheachaidhean ann far am faodar Gàidhlig a chleachdadh. Bidh Gàidhlig air a cleachdadh ann an suidheachaidhean far nach robh i air a cleachdadh roimhe agus thèid Gàidhlig a chleachdadh barrachd nar beatha làitheil.

Nuair a tha Gàidhlig air a cleachdadh barrachd, tha sin a’ neartachadh coimhearsnachd luchd-labhairt a’ chànain agus tha e a’ cur ri misneachd an luchd-labhairt. Tha e a’ cur ris na cothroman a th’ ann don Ghàidhlig agus do luchd-labhairt na Gàidhlig, agus ri aithne is ìomhaigh na Gàidhlig.

Tha na prìomh raointean a chithear air an duilleig seo fìor chudromach airson suidheachadh na Gàidhlig a neartachadh.

### A’ CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Thèid fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig sna raointean a leanas. Thèid seo a thoirt gu buil tro cho-obrachadh le prìomh luchd-compàirt is luchd-solair agus tro iomairtean is phròglraman Bhòrd na Gàidhlig.

### Prìomh Raointean

- Iomairtean a bhios a’ brosnachadh dhaoine gu bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig sna dachaighean is coimhearsnachdan aca
- Iomairtean a bhios a’ brosnachadh dhaoine òga gu bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig
- Gàidhlig sna meadhanan traidiseanta is ùra
- Gàidhlig sna h-ealain, ann am foillseachadh agus sna gnìomhachasan cruthachail
- Planaichean Gàidhlig
- Gàidhlig san àite-obrach
- Cleachdadh na Gàidhlig sna gnìomhachasan co-cheangailte ri dualchas, turasachd, biadh is deoch, an àrainneachd agus cur-seachadan
- Iomairtean a neartaicheas beairteas, buntainneas is cunbhalachd a’ chànain
- Iomairtean a bhrosnaicheas ceanglaichean le luchd na Gàidhlig thall thairis agus le mion-chànanan eile

## IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

### A’ toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig

Le seo, bithear a’ cur air adhart, a’ toirt taic do agus a’ leudachadh air ionnsachadh na Gàidhlig aig gach ìre agus anns gach raon. Tha na buannachdan a thig às an seo soilleir. Nuair a nithear adhartas le seo, thig àrdachadh air an àireamh dhaoine as urrainn Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn, a leughadh, agus a sgrìobhadh, agus thèid aca air Gàidhlig a chleachdadh le barrachd misneachd.

’S iad na prìomh raointean gu h-ìosal an fheadhainn as cudromaiche far a bheil sinn den bheachd gun gabh adhartas a dhèanamh. Cuideachd, faodaidh iad cur ri raointean cudromach eile a bhuineas ris a’ Ghàidhlig.

Tha ionnsachadh na Gàidhlig glè chudromach do chor a’ chànain.

## IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

Thèid cuideachadh agus taic a thoirt don iomairt gus fàs a thoirt air ionnsachadh na Gàidhlig sna raointean gu h-ìosal. Thèid seo a thoirt gu buil tro cho-obrachadh le prìomh luchd-compàirt is luchd-solair agus tro iomairtean is phròg raman Bhòrd na Gàidhlig.

### Prìomh Raointean

- Gàidhlig san teaghlach
- A’ trusadh, a’ gleidheadh, a’ trèanadh agus a’ solarachadh luchd-obrach airson Foghlam tron Ghàidhlig
- Goireasan is taic airson ionnsachadh
- Gàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne (TCC)
- Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean
- Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean
- Gàidhlig ann am Foghlam Àrd-ìre is Adhartach
- Ionnsachadh na Gàidhlig do dh’inbhich

## A' CUR NA GÀIDHLIG AIR ADHART

### A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Bidh mar a thèid ìomhaigh na Gàidhlig a chur air adhart agus a neartachadh an urra ri grunn iomairtean. Cuideachd, feumar dèanamh cinnteach gun tèid luach a chur sa Ghàidhlig agus gum bi i air a h-aithneachadh mar chànan a chuireas gu mòr ri saoghal sòisealta, cultarach agus eaconamach na dùthcha.

Tha na prìomh raointean a chithear air an duilleig seo cudromach ann a bhith a' dèanamh adhartas leis an amas seo. Tha iad ceangailte ri prìomhachasan eile, ach faodaidh na raointean seo uile cuideachadh le bhith a' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig.

Tha e anabarrach cudromach gum bi deagh ìomhaigh aig a' Ghàidhlig ma tha sinn airson gun tèid tarraing is inbhe na Gàidhlig a neartachadh ann an Alba agus thall thairis. Tha an t-amas seo an urra ri luchd-labhairt na Gàidhlig agus daoine aig nach eil a' Ghàidhlig.

## A' CUR NA GÀIDHLIG AIR ADHART

Thèid deagh ìomhaigh a chur air adhart airson na Gàidhlig sna dòighean a chithear gu h-ìosal. Thèid seo a thoirt gu buil tro cho-obrachadh le prìomh luchd-compàirt is luchd-solair agus tro iomairtean is phròg raman Bhòrd na Gàidhlig.

### Prìomh Raointean

- **Taic airson na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba, a' Phàrlamaid agus taic phoilitigeach san fharsaingeachd**
- **Planaichean Gàidhlig air an cur an gnìomh le ùghdarrasan poblach (ùghdarrasan ionadail is buidhnean poblach)**
- **A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig agus a' togail aire don chànan tro:**
  - **na meadhanan Gàidhlig is meadhanan eile**
  - **foghlam Gàidhlig aig gach ìre, agus**
  - **na h-ealain Ghàidhlig**
- **A' dèanamh follaiseach luach sòisealta, eaconamach is cultarach na Gàidhlig**
- **Teachdaireachdan taiceil is brosnachail mun Ghàidhlig, dà-chànanas, agus mu iomadachd is in-ghabhail**

FILMG
FILMG
FILMG
FILMG
2018

# PRÌOMHACHASAN NÀISEANTA

# 4

## Adhbhar Riaghaltas na h-Alba agus Buannachdan Eaconamach

Tha sinn cinnteach gu bheil a' Ghàidhlig a' cur gu mòr ri adhbhar Riaghaltas na h-Alba: dùthaich nas soirbheachaile a chruthachadh, le cothroman don a h-uile duine ann an Alba deagh adhartas a dhèanamh, tro fhàs seasmhach san eaconamaidh. Nì sinn cinnteach gun cumar ag obair a dh'ionnsaigh a' chinn-uidhe seo sna bliadhnaichean ri thighinn.

Rinneadh adhartas cudromach leis a' Ghàidhlig ann an Alba thar nan deicheadan a dh'fhalbh. Tha an t-adhartas a rinn sinn a' dearbhadh nam buannachdan a gheibhear an lùib foghlaim, nan ealain, craolaidh, agus a thaobh sgilean is trèanadh. Tha fianais ann cuideachd air buannachdan eaconamach a thig bhon Ghàidhlig, gu h-àraidh sna h-eileanan is sgìrean dùthchail. Tha seo soilleir nuair a choimheadas sinn air a' bhuaidh a th' aig an obair a nì leithid Sabhal Mòr Ostaig, MG ALBA, Fèisean nan Gàidheal, An Comunn Gàidhealach agus gu leòr eile.

Chaidh an aithisg, *Ar Stòras Gàidhlig*, a bharantachadh le Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean ann an 2014 gus measadh a dhèanamh air luach eaconamach is sòisealta na Gàidhlig do dh'Alba. Bha an aithisg na h-adhbhar misneachd; a rèir na h-aithisge bha gnothachasan, gu h-àraidh sna gnìomhachasan cruthachail, agus sna roinnean turasachd, dualchais, agus biadh is deoch, a' faotainn buannachd bho bhith a' cleachdadh na Gàidhlig, rud a dh'fhaodadh cur gu mòr ris an eaconamaidh.

## Builean Nàiseanta Riaghaltas na h-Alba

Tha 15 builean nàiseanta aig Riaghaltas na h-Alba a tha a' mìneachadh dè na h-amasan a th' aca. Tha a' Ghàidhlig a' toirt taic làidir dhaibh ann an iomadh dòigh. Mar a tha soilleir sa Phlana seo, tha a' Ghàidhlig a' buntainn ri tòrr raointean aig iomadach ìre. Mar sin, faodaidh a' Ghàidhlig taic a thoirt do na builean nàiseanta co-cheangailte ris an eaconamaidh, foghlam, òigridh, a' dèiligeadh ri neo-ionannachd, coimhearsnachdan, fèin-aithne nàiseanta a tha cothromach is in-ghabhalach agus seirbheisean poblach matha.

## Obair Chom-pàirteach

Tha taic bho ùghdarrasan is buidhnean poblach, bhon roinn phrìobhaidich is coimhearsnachdan fìor chudromach is riatanach don amas gus Gàidhlig a chur air adhart agus a neartachadh ann an Alba. Tha Planaichean Gàidhlig air cuideachadh le iomairt na Gàidhlig. Nì sinn cinnteach gun lean an co-obrachadh feumail seo agus gun tèid cothroman ùra a bhrosnachadh is a ghabhail airson a bhith ag obair ann an com-pàirteachas.

## Geallaidhean Manifesto

Tha na geallaidhean ann am manifesto an Riaghaltais a thaobh na Gàidhlig a' buntainn ri foghlam, na h-ealain agus craoladh, agus tha iad sgrìobhte gu h-ìosal.

- *Cuiridh sinn dleastanasan is còraichean laghail ùra an sàs mar thaic do dh'fhoghlam tron Ghàidhlig mar phàirt den ghealladh leantainneach againn gus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a ghleidheadh is a mheudachadh.*

- *Bheir sinn taic do na h-ealain Ghàidhlig a tha mar mheadhan fìor chudromach gus daoine a tharraing chun a' chànain, agus gus inbhe a' chànain a dhaingneachadh ann an comann-sòisealta na h-Alba.*

- *Cumaidh sinn oirnn a' toirt taic-airgid do BhBC ALBA mar phàirt glè chudromach de shaoghal craolaidh na h-Alba, agus mar aithne don fheum a nì e do leasachadh na Gàidhlig.*

Tha cothroman ann cuideachd far an urrainn don Ghàidhlig cuideachadh le geallaidhean eile sa mhanifesto. Tha cothrom air leth mòr ann do dh'fhoghlam tron Ghàidhlig leis a' ghealladh gun tèid na h-uairean an-asgaidh airson foghlam nan tràth-bhliadhnaichean is cùram-chloinne a dhùblachadh cha mhòr ro 2021 gu 30 uair san t-seachdain airson clann 2 bhliadhna a dh'aois a tha feumach air dìon agus airson a h-uile pàiste aois 3 no 4. Cuideachd, faodaidh na h-ìrean-coileanaidh àrda a gheibhear ann am foghlam tron Ghàidhlig cur ris na geallaidhean, agus iad a' cuideachadh le Dùbhlan Coileanaidh na h-Alba.

## Buaidh nas Fharsainge

Leis mar a tha am Plana seo a' cur cuideam air coimhearsnachdan mar mheadhan gus cùisean a leasachadh, faodaidh e cur ri amasan Riaghaltas na h-Alba far a bheil iad ag iarraidh barrachd co-chonaltraidh a dhèanamh le coimhearsnachdan is barrachd cumhachd a thoirt dhaibh. Bheir leasachaidhean eile, mar fhearann fo shealbh choimhearsnachdan is Bile nan Eilean, a tha stèidhichte air an iomairt, Ar n-Eileanan ri Teachd, buaidh air tòrr choimhearsnachdan far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach agus mar sin tha iad cudromach don Phlana seo agus do dh'iomairt na Gàidhlig ann an Alba.

Tha grunn chùisean eile – eaconamach, deamografach, co-cheangailte ri bun-structar agus eile – a tha a' toirt buaidh air cleachdadh is ìomhaigh na Gàidhlig. Feumaidh sinn dlùth aire a thoirt do na nithean sin, mìneachadh dè a' bhuaidh a dh'fhaodadh iad a thoirt air a' Ghàidhlig agus feumaidh sinn a dhèanamh soilleir gum bu chòir ealla a ghabhail ris a' Ghàidhlig, cho math ri cùisean eile.

Fhad 's a tha sinn a' dèanamh adhartas le prìomhachasan is geallaidhean a' Phlana seo, bidh sinn cuideachd a' toirt taic do Riaghaltas na h-Alba agus am Pròg ram aca airson Riaghladh. Bidh an taic sin a' gabhail a-steach nan geallaidhean sònraichte aca a thaobh na Gàidhlig agus iomadach raon eile air a bheil Gàidhlig a' toirt buaidh.

## *GEÀRR-IOMRADH*

*Aig toiseach a' Phlana seo, thathar ag ràdh gum buin a' Ghàidhlig do dh'Alba air fad agus tha na paragrafan gu h-àrd a' sealltainn cho farsaing is iomadh-fhillte 's a tha an dàimh sin agus mar a tha a' Ghàidhlig a' cur gu mòr ri prìomhachasan nas fharsainge aig a bheil ceangal ris a' chànan.*

AISEAGAN
SUIDHEACHADH
News


THEATRE GU LEÒR
THEATRE GALORE
CÈILIDH
Cèilidh gun choimeas
A cèilidh like no other

# A' GHÀIDHLIG SAN LATHA AN-DIUGH

5

## Buaidh na h-Obrach is nan Iomairtean a tha a' Toirt Taic don Ghàidhlig An-dràsta

Tha an earrainn seo a' toirt sùil air àite na Gàidhlig ann an Alba, san Rìoghachd Aonaichte agus gu h-eadar-nàiseanta le geàrr-chunntas air an adhartas a rinneadh o chionn ghoirid. Thathar a' sealltainn far an tàinig piseach air cùisean agus na raointean far a bheil barrachd adhartais a dhìth. Tha an earrainn seo cuideachd a' sealltainn carson a roghnaich sinn cuid de na prìomhachasan.

## Planadh Cànain is Rannsachadh

Thugadh fa-near do phlanadh cànain is rannsachadh ann a bhith ag ullachadh a' Phlana seo. Thug sinn sùil air suidheachadh na Gàidhlig agus sinn a' toirt an aire do mhodailean teòiridheach airson planadh cànain agus rinn sinn feum de dhiofar sgrùdaidhean a rinneadh o chionn ghoirid airson cuideachadh le bhith a' dealbh a' Phlana seo. Nam measg bha aithisg a rinn measadh air buaidh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig airson 2012-17, agus aithisg chudromach air Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011. Cuideachd, tha aithisgean cudromach air a bhith ann air cùisean corpais, air foghlam Gàidhlig do dh'inbhich agus air foghlam sgoile Gàidhlig.

## A' Ghàidhlig ann an Alba

Tha sinn air adhartas math a dhèanamh o chionn beagan bhliadhnaichean agus feumaidh sinn dèanamh cinnteach gun lean sin. Sheall an Cunntas-sluaigh ann an 2011 gun robh sgilean Gàidhlig aig mu 87,000 duine ann an Alba (mu 1.7% den t-sluagh air fad). Airson a' chiad uair riamh chaidh an àireamh de luchd-labhairt fo aois 25 an àird, ged a thuit an àireamh luchd-labhairt gu lèir rud beag. Tha e deatamach ma tha a' Ghàidhlig gu bhith na cànan beò, gun dèanar cinnteach gum faigh luchd-labhairt òga na Gàidhlig taic airson an cànan a chleachdadh agus a thoirt don ath ghinealach.

Tha far a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach cudromach cuideachd. Sheall an Cunntas-sluaigh gun robh luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach sa mhòr-chuid de choimhearsnachdan air feadh Alba, le mu 50% a' fuireach air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, agus 50% sa chòrr den dùthaich. Thathar a' toirt sùil nas mionaidiche air seo ann an Earrainn 6.

## A' Ghàidhlig san Rìoghachd Aonaichte

Tha a' Ghàidhlig air aon de ghrunn mhion-chànanan dùthchasach a tha air an cleachdadh le ceudan de mhìltean de dhaoine san RA. Tha iad uile a' cur ri beairteas cultar na RA agus ri iomadachd na dùthcha. Tha inbhe laghail nas daingne aig cuid aca na th' aig a' Ghàidhlig, leithid na Cuimris, agus tha feadhainn eile nach eil air stèidh laghail cho làidir 's a tha a' Ghàidhlig. Tha an taic air fad cha mhòr a gheibh a' Ghàidhlig bhon roinn phoblaich a' tighinn fo sgèith Riaghaltas na h-Alba, ach a-mhàin craoladh na Gàidhlig a tha an urra ri Riaghaltas na RA fo chumhachdan na h-Achd Conaltraidh 2003.

## An Suidheachadh gu h-Eadar-nàiseanta

Thathar a' tuairmse gu bheil eadar 5,000 is 7,000 cànan eadar-dhealaichte air am bruidhinn air feadh an t-saoghail agus gu bheil comas aig mu 60% de shluagh na cruinne air barrachd air aon chànan a bhruidhinn.

Tha Gàidhlig na h-Alba air a h-aithneachadh mar chànan dùthchasach ann an Cairt Eòrpach nan Cànan Roinneil no nam Mion-chànan, cùmhnant aig Comhairle na h-Eòrpa ris an do chuir an RA a h-ainm. Mar phàirt den obair aca gus sùil a chumail air cànanan, tha UNESCO air Gàidhlig a chomharrachadh mar chànan a tha *dha-rìribh ann an cunnart* air sàillibh gu bheil lùghdachadh air tighinn air an àireamh chloinne a tha ag ionnsachadh Gàidhlig san dachaigh mar chiad chànan.

Tha Gàidhlig air a cleachdadh gu tric le luchd-labhairt ann an tòrr àiteachan air feadh an t-saoghail, a' gabhail a-steach daoine a chaidh a thogail leis a' chànan agus àireamh nach beag de luchd-ionnsachaidh. Tha coimhearsnachd bheothail de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba Nuadh, Canada, le daoine a chaidh a thogail le Gàidhlig agus feadhainn a tha ag ionnsachadh a' chànain.

Tha na ceanglaichean eadar-nàiseanta seo a' cur ri cleachdadh is ìomhaigh na Gàidhlig. Tha ceanglaichean ri mion-chànanan eile ann cuideachd. Faodaidh an dà sheòrsa ceangail seo a bhith nam buannachd don Ghàidhlig ann an Alba. Tha structaran ann a tha a' brosnachadh leithid a cheanglaichean agus tha grunn bhuidhnean is luchd-iomairt na Gàidhlig air na ceanglaichean aca fhèin a thogail. Thèid iad seo a bhrosnachadh is a chur air adhart.

Am measg nan ceanglaichean a th' ann tha Comhairle Bhreatainn is na h-Èireann, Fèis nan Dathan Ceilteach ann an Alba Nuadh, an iomairt Colmcille agus sgeama thabhartasan Riaghaltas na h-Alba airson oileanaich à Alba Nuadh. Tha barrachd na sin ann, agus tha buidhnean leithid MG ALBA agus na h-oilthighean air deagh cheanglaichean a thogail. Bidh MG ALBA gu

h-àraidh a' togail cheanglaichean eaconamach is an lùib nan ealain le craoladairean bho mhion-chànanan eile a bhios a' meudachadh àireamh luchd-amhairc an t-sianail.

## A' Ghàidhlig san Dachaigh is sa Choimhearsnachd

Tha e fìor chudromach gun tèid Gàidhlig a chleachdadh san dachaigh agus sa choimhearsnachd. Faodaidh tòrr de rudan buaidh a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig san dà raon seo. Tha e cho cudromach 's a bha e riamh gun ionnsaich clann a' Ghàidhlig san dachaigh, bhom pàrantan is bho chàirdean eile, ma tha a' Ghàidhlig gu bhith a' dol am feabhas. 'S e an dùbhlan a tha romhainn measadh a dhèanamh air na prìomh iomairtean a tha a' toirt buaidh air cleachdadh a' chànain san dachaigh agus sa choimhearsnachd agus dèanamh cinnteach gu bheil taic iomchaidh ann airson Gàidhlig sna h-àiteachan sin, taic a bhios a' cur ris an obair a tha Comunn na Gàidhlig air a dhèanamh thairis air iomadh bliadhna, agus ris an obair a tha na h-urrasan coimhearsnachd air a bhith a' dèanamh san raon leasachaidh seo agus iad a' dol an sàs ann barrachd is barrachd san latha an-diugh.

Taobh a-staigh a' Phlana seo, dh'fhaodadh gum biodh e feumail smaoineachadh air coimhearsnachd a bhith a' ciallachadh: coimhearsnachdan le àireamh àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig; coimhearsnachdan ann am bailtean is bailtean-mòra; agus coimhearsnachdan a tha ceangailte tro na meadhanan is teicneòlas. Tha barrachd fiosrachaidh air seo ann an Earrainn 6.

## A' Ghàidhlig san Eaconamaidh

Tha cànan is cultar a' toirt misneachd do dhaoine, a' togail fèin-mheas nam measg, a' cruthachadh fèin-aithne, a' cur ri beatha dhaoine, gan dèanamh nas neo-eisimeiliche nam pearsa agus tha iad a' brosnachadh co-chonaltradh eadar daoine. Tha iad a' gleidheadh ar dualchais, a' soilleireachadh na slighe a tha romhainn san ùine air thoiseach, agus tha iad gar neartachadh. Seo bunaitean riatanach a dh'fheumas a bhith ann gus an eaconamaidh a leasachadh is a leudachadh, eaconamaidh far an tèid obraichean ùra a chruthachadh, piseach a thoirt air beatha dhaoine agus a bhios fosgailte do chàch.

Thathar a' gabhail ris gu bheil buaidh mhòr mar sin aig a' Ghàidhlig air an eaconamaidh agus tha t-eòlas a th' againn air an àite chudromach a th' aig a' Ghàidhlig ann an eaconamaidh na h-Alba a' sìor fhàs nas motha. Sheall an rannsachadh a rinn Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean ann an 2014 gum faodadh a' Ghàidhlig suas ri £149m a chur ris an eaconamaidh. Cuideachd, chaidh buaidh MG ALBA a dhearbhadh ann an 2015, agus iad a' cruthachadh dhreuchdan matha, gu

h-àraidh ann an sgìrean gun mòran sluaigh, agus a' cur ri luach na h-eaconamaidh.

Tha e follaiseach gu bheil a' Ghàidhlig a' dèanamh feum mòr ann a bhith a' cur ri sgilean obrach dhaoine agus a' cruthachadh obraichean, agus gu bheil i a' cur ri beairteas na h-Alba agus an luach sin tòrr nas motha na na suimeannan de dh'airgead poblach a tha gan cosg air a' chànan. Gu sìmplidh, tha a' Ghàidhlig a' cur ri agus a' cur luach ri eaconamaidh na h-Alba.

Air an làimh eile, tha eaconamaidh làidir, gu h-àraidh ann an coimhearsnachdan Gàidhlig sna h-eileanan is sna sgìrean dùthchail, fìor chudromach don Ghàidhlig. Rè ùine a' Phlana seo, thig atharraichean poilitigeach agus feumar sùil a chumail air an taic a th' ann agus sùil as ùr a thoirt air an taic sin às dèidh nan atharraichean sin feuch an lean an t-adhartas ann an eaconamaidh na Gàidhlig.

Feumar cuideachd na cothroman a ghabhail gus leudachadh air luach na Gàidhlig san eaconamaidh, gu h-àraidh ann an co-bhuinn ri buidhnean iomairt is sgilean, agus sinn ag obair còmhla ri fastaichean, coimhearsnachdan is òigridh.

## Na Meadhanan Gàidhlig

San latha an-diugh tha e doirbh smaoineachadh air a' Ghàidhlig ann an Alba gun a bhith a' beachdachadh air an t-seirbheis a tha MG ALBA/BBC ALBA agus BBC Radio nan Gàidheal a' toirt seachad. Tha a' bhuaidh a th' aig craoladh na Gàidhlig air leasachadh a' chànain air fàs o chionn beagan bhliadhnaichean. Tha an sianal didseatach Gàidhlig, BBC ALBA, a' frithealadh air sluagh farsaing le luchd-labhairt agus luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, agus air luchd-amhairc air feadh Alba. Tha e riatanach gun lean an taic do thelebhisean, rèidio, foillseachadh agus goireasan air-loidhne Gàidhlig gus beachdan taiceil don chànan a bhrosnachadh air feadh Alba. Tha iad cuideachd nan goireasan feumail do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus tha iad a' brosnachadh dhaoine gus barrachd Gàidhlig a chleachdadh.

Tha MG ALBA/BBC ALBA a' cur, ann an dòigh mar nach urrainn do bhuidhnean eile, ri grunn raointean leasachaidh Gàidhlig, leithid foghlam Gàidhlig do dh'inbhich, foghlam sgoile, iomairtean òigridh agus Gàidhlig san dachaigh is sa choimhearsnachd.

Chithear na buannachdan a thig bho obair MG ALBA/BBC ALBA an lùib chosnaidhean, sgilean, trèanadh, na gnìomhachasan cruthachail, spòrs, na h-ealain is ceòl traidiseanta. Cuideachd, tha dà phròiseact aig MG ALBA, FilmG is LearnGaelic.scot, air feum mòr a

dhèanamh. Tha MG ALBA/BBC ALBA a' cur gu mòr ris a' Ghàidhlig, cultar na h-Alba agus ris an eaconamaidh.

## A' Ghàidhlig sna h-Ealain is sna Gnìomhachasan Cruthachail

Tha na h-ealain Ghàidhlig glè chudromach do luchd a' chànain agus gu nàiseanta. Faodaidh na h-ealain Ghàidhlig bàigh is dìlseachd don chànan a bhrosnachadh. Gheibhear cothroman leis na h-ealain annas do làimhe a thaisbeanadh, sgilean a leasachadh, pàirt a ghabhail is a dhol an sàs annta, co-obrachadh a dhèanamh agus sàr obair a chruthachadh. Leis an seo uile, thèid tarraing is ìomhaigh na Gàidhlig a neartachadh ann an Alba agus thall thairis, thèid cur ri cleachdadh a' chànain is ar beatha chultarach agus thig buannachdan sòisealta is eaconamach às.

Tha obair Alba Chruthachail air a bhith anabarrach cudromach do na h-ealain Ghàidhlig. A bharrachd orrasan, tha grunn ùghdarrasan is bhuidhnean eile air taic a thoirt seachad. Tha an ceangal eadar an cànan agus ealain is cultar na Gàidhlig air a bhith cudromach ann an eachdraidh na Gàidhlig agus don chànan san latha an-diugh. Bidh buidhnean turasachd is dualchais cuideachd a' dèanamh obair a tha cudromach do leasachadh a' chànain. Tha an taic do phrìomh bhuidhnean gu math cudromach, mar a tha cuideachd na tachartasan nas motha is fèisean sa bheil luchd-ealain is sgrìobhadairean Gàidhlig a' gabhail pàirt.

Mas e an t-amas a th' againn fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig, feumaidh an obair chudromach a chithear sna h-ealain Ghàidhlig leantainn oirre. Tha sin a' gabhail a-steach An Comunn Gàidhealach, gu h-àraidh na nì iad ann a bhith a' cur a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail is mhòdan ionadail air dòigh, agus Fèisean nan Gàidheal, a bhios a' teagasg Gàidhlig is na h-ealain do dh'òigridh, agus buidhnean leithid Ceòlas, buidhnean dràma, agus ionadan-ealain.

Le taic do dh'fhoillseachadh Gàidhlig, gu h-àraidh tro obair Comhairle nan Leabhraichean, Acair is daoine eile, nithear cinnteach gum bi cothroman ann fhathast do sgrìobhadairean is foillsichearan Gàidhlig is do luchd-leughaidh le Gàidhlig. Mar thoradh air an taic seo thig piseach air sgilean cànain luchd na Gàidhlig.

Tha buaidh mhath is fharsaing aig na h-ealain air cùisean. Tha mar a thèid Gàidhlig a chleachdadh sna h-ealain cudromach do luchd-labhairt, luchd-leughaidh,

luchd-ionnsachaidh agus do dh'ìomhaigh na Gàidhlig ann an Alba agus thall thairis. Mas e an t-amas a th' againn fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig, feumaidh na h-ealain a bhith aig cridhe na h-iomairt sin.

## Planaichean Gàidhlig

Tha grunn ùghdarrasan poblach Albannach a' gabhail cheumannan cudromach airson taic a thoirt don Ghàidhlig sna sgìrean aca agus a rèir nan dleastanasan aca. Tha e mar uallach air Bòrd na Gàidhlig taic a thoirt dhaibh le seo is am brosnachadh. Bidh Bòrd na Gàidhlig is na h-ùghdarrasan poblach sin ag obair còmhla tro na Planaichean Gàidhlig.

Gheibhear Planaichean Gàidhlig ann an iomadh raon de shaoghal poblach na h-Alba. Gu ruige seo, chaidh còrr is 50 Plana Gàidhlig ullachadh is a chur an gnìomh le ùghdarrasan ionadail, buidhnean poblach, pàircean nàiseanta, bùird slàinte, ionadan acadaimigeach agus le Pàrlamaid na h-Alba is Riaghaltas na h-Alba, agus tha mu 20 eile gan ullachadh an-dràsta.

Tha buaidh nam planaichean seo ri fhaicinn leis mar a tha a' Ghàidhlig nas follaisiche ann an obair nan ùghdarrasan poblach, leis na h-iomairtean is pròiseactan a tha a' toirt taic do bharrachd ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig agus leis na seirbheisean Gàidhlig a bharrachd leithid foghlam tron Ghàidhlig agus foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

## Corpas na Gàidhlig

Tha leasachadh a' chorpais na phàirt riatanach de phlanadh cànain airson na Gàidhlig, oir nì e cinnteach gun toirear taic do dhaoine gus an cànan ionnsachadh agus a chleachdadh le misneachd san latha an-diugh agus san àm ri teachd. Tha grunn iomairtean is phròiseactan ann an-dràsta tha a' cur ri beairteas, buntainneas is cunbhalachd na Gàidhlig. Tha na pròiseactan sin de dhiofar mheudachd is fharsaingeachd, ach tha iad uile feumail agus a' dèanamh diofar.

'S e aon de na prìomh phròiseactan Dachaigh airson Stòras na Gàidhlig (DASG) aig Oilthigh Ghlaschu, agus tha cruthachadh Corpas na Gàidhlig na phàirt mòr de sin. Tha am pròiseact seo air 337 teacsaichean Gàidhlig, de dhiofar stoidhlichean, aoisean is air diofar chuspairean, a chur ann an riochd didseatach. Tha am mion-sgrùdadh air an 20 millean facal a fhuaras na bhunait air a bheil iomairtean eile stèidhichte, leithid Faclair na Gàidhlig, am pròiseact airson faclair eachdraidheil.

Am measg nam pròiseactan cudromach eile san raon seo tha an obair gus stòr-briathrachais ùir a stèidheachadh do sgoiltean (An Seotal); comhairle air ainmean-àite (Ainmean-Àite na h-Alba); agus o chionn ghoirid, Comataidh Comhairleachaidh Cànain a chaidh a chur air chois gus a bhith a' stiùireadh phròiseactan ùra agus a' dèanamh cinnteach gu bheilear a' toirt fa-near do bheachdan luchd-cleachdaidh a' chànain is gu bheil iad aig cridhe na h-obrach air a' chorpas.

### *A' Cleachdadh na Gàidhlig*

*Tha grunn dhùbhlan ann nuair a thig gu bhith a' toirt meudachadh air cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean is coimhearsnachdan. Ged as urrainnear diofar iomairtean a chomharrachadh a bheir buaidh air seo, tha sinn den bheachd gum biodh e feumail sùil as ùr a thoirt air an obair a tha ga dèanamh airson dèanamh cinnteach gu bheil i cho èifeachdach 's a ghabhas.*

*Le bhith a' togail barrachd cheanglaichean eadar a' Ghàidhlig is an eaconamaidh, faodar taic a thoirt do choimhearsnachdan far a bheil Gàidhlig air a cleachdadh tòrr gus am bi iad nas seasmhaiche. Tha dà thaobh air seo – fàs san eaconamaidh a thig bhon taic a bheirear don Ghàidhlig agus an eaconamaidh san fharsaingeachd ris a bheil luchd-labhairt na Gàidhlig a' cur luach.*

*Tha buaidh anabarrach mòr aig MG ALBA/BBC ALBA air cleachdadh na Gàidhlig. Nì sinn cinnteach gun obraich sinn còmhla ri, agus gun toir sinn taic do, ar luchd-compàirt aig MG ALBA/BBC ALBA leis an iomadh amas a th' aca.*

*Rè ùine a' Phlana seo, tha e na amas dhuinn gun tèid barrachd taice is taic nas cunbhalaiche a thoirt do na h-ealain Ghàidhlig, thoradh tha iad fìor chudromach ann a bhith a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig.*

*Tha Planaichean Gàidhlig air a bhith cudromach do na h-oidhirpean gus fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig, agus sna bliadhnaichean ri thighinn bu mhath leinn barrachd co-obrachaidh a bhrosnachadh le agus eadar na h-ùghdarrasan, agus dèanamh cinnteach gu bheil e na amas soilleir againn taic a thoirt do dh'ùghdarrasan poblach gus Gàidhlig a chleachdadh.*

*Tha leasachadh a' chorpais bunaiteach do mar a thèid Gàidhlig a chleachdadh. Feumaidh Gàidhlig a bhith na cànan cunbhalach is buntainneach san latha an-diugh agus san àm ri thighinn. Air an adhbhar sin, tha e*

*cudromach gun lean an taic do dh'iomairtean a bhios a' cruthachadh briathrachas ùr, agus a' cur rian air a' bhriathrachas a th' ann a-cheana, agus a chuireas ri beairteas na Gàidhlig.*

*Tha sinn cuideachd a' faicinn chothroman an lùib nan ceanglaichean eadar-nàiseanta agus bheir sinn sùil mhionaideach air na dòighean san gabh iad sin a leasachadh a chum maith na Gàidhlig ann an Alba is ann an àiteachan eile.*

## Foghlam Gàidhlig ann an Alba

Tha Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) a-nis na roinn stèidhichte de dh'fhoghlam na h-Alba. Tha e na amas do FtG gum bi e comasach do dhaoine òga a bhith ag ionnsachadh gu fileanta agus le misneachd ann an Gàidhlig is Beurla fhad 's a tha iad a' dol bho fhoghlam nan tràth-bhliadhnaichean, tron bhun-sgoil agus a-steach don àrd-sgoil, agus iad a' faotainn nam buannachdan a thig bho dà-chànanas.

Gheibhear FtG ann an grunn ùghdarrasan foghlaim ann an Alba. Cuideachd, tha an àireamh de bhun-sgoiltean Gàidhlig ann an Alba a' fàs, agus an àireamh de bhun-sgoiltean le dà roinn (Gàidhlig agus Beurla) anns a bheil a' mhòr-chuid san roinn Ghàidhlig. Gheibhear seirbheisean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne tron Ghàidhlig cuideachd ann an diofar cheàrnan de dh'Alba, agus gheibhear foghlam àrd-sgoile tron Ghàidhlig ann an grunn àrd-sgoiltean ann an Alba.

Tha foghlam luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) eadar-dhealaichte bho FtG, seach gu bheil e air a lìbhrigeadh do chloinn ann am foghlam tron Bheurla, mar chànan a bharrachd. Tha leudachadh brosnachail air tighinn o chionn ghoirid air FLI, gu h-àraid aig ìre na bun-sgoile, le daoine òga a' faighinn bun-fhiosrachadh mun chultar agus mun chànan.

Tha na cothroman seo do dh'òigridh gus Gàidhlig ionnsachadh san sgoil air leth cudromach, ach tha e a cheart cho cudromach gum faigh iad cothroman na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh mar phàirt den ullachadh a nì iad gus dreuchd a thoirt a-mach. Le bhith a' cur cuideam air leasachadh sgilean co-cheangailte ri cùisean obrach, tro A' Cruthachadh Feachd-obrach Òg is iomairtean eile, stèidhichidh sin gu cinnteach slighean ùra do luchd-labhairt na Gàidhlig gus na sgilean aca a thoirt air adhart mus toir iad dreuchd a-mach agus tha cothroman a bharrachd ann dhaibh math dh'fhaodte na sgilean Gàidhlig aca a leasachadh tro nuadh-phreantasachdan tron Ghàidhlig air am faigh daoine òga cothrom.

Tha àite cudromach cuideachd aig buidhnean foghlaim agus buidhnean poblach eile ann an Alba ann a bhith toirt taic do agus a' toirt air adhart foghlam Gàidhlig ann an Alba. Bidh Foghlam Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba (SQA), Leasachadh Sgilean na h-Alba (SDS), Comhairle Choitcheann Luchd-teagaisg na h-Alba (GTCS), Comhairle Maoineachaidh na h-Alba (SFC), Colaiste na h-Alba airson Ceannas Foghlaim (SCEL), oilthighean is colaistean, agus ionadan trèanaidh luchd-teagaisg a' toirt taic agus brosnachadh fìor chudromach do dh'fhoghlam na Gàidhlig ann an Alba agus bidh iad a' cuideachadh le bhith ga leudachadh. Còmhla ris na buidhnean seo, tha Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig a' toirt taic do sgoilearan, luchd-teagaisg agus pàrantan tron obair aca gus goireasan a chruthachadh airson foghlam Gàidhlig.

## Tidsearan is Luchd-taice Ionnsachaidh Gàidhlig

Tha e na amas dhuinn fàs a thoirt air foghlam Gàidhlig. Leis an amas sin, feumaidh sinn cuideachd taic chunbhalach a thoirt don obair gus tidsearan is luchd-obrach Gàidhlig eile a thrèanadh is a thrusadh airson sgoiltean is seirbheisean nan tràth-bhliadhnaichean. Sna beagan bhliadhnaichean a dh'fhalbh, thàinig àrdachadh air an àireamh thidsearan Gàidhlig ùra agus feumar leantainn leis an adhartas seo. B' e an t-adhbhar bu mhotha airson an àrdachaidh seo, an taic leantainneach a thathar a' toirt do shlighean stèidhichte a-steach gu teagasg tron Ghàidhlig agus do shlighean ùra. Feumaidh sinn cumail oirnn leis an t-seòrsa taice seo do dh'fhoghlam Gàidhlig

## Ionnsachadh Gàidhlig Seach-sgoile

Tha cothroman sgoinneil ann do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig na sgilean aca a leasachadh ann am Foghlam Adhartach is Àrd-ìre. Ann an 2016-17 bha mu 500 oileanach clàraichte airson phròg raman fo-cheuma is iar-cheuma Gàidhlig ann an Alba air feadh sia ionadan-foghlaim, agus Sabhal Mòr Ostaig agus àiteachan eile a' tabhann taghadh

de chùrsaichean foghlaim adhartach is àrd-ìre tron Ghàidhlig.

Bidh na pròghraman-ionnsachaidh air astar aig Sabhal Mòr Ostaig a' tarraing luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig bho cheithir ranna ruadh an domhain, agus iad a' cuideachadh le bhith a' toirt meudachadh air àireamh an luchd-labhairt agus a' toirt chothroman cosnaidh do dh'oidean.

Tha coimhearsnachdan dualchasach na Gàidhlig a' toirt barrachd taice do luchd-ionnsachaidh a-nis agus iad a' toirt taic do dh'ionadan-foghlaim Gàidhlig is luchd-ionnsachaidh fa leth.

## Cothroman Ionnsachaidh do dh'Inbhich

A bharrachd air na dòighean-ionnsachaidh foirmeil, tha fios againn gu bheil mu 3,500 duine ag ionnsachadh a' chànain, tro dhiofar chùrsaichean agus ann an coimhearsnachdan air feadh na dùthcha.

Cuideachd, tha an làrach-lìn airson luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig, LearnGaelic.scot, a' tarraing mhìltean de luchd-cleachdaidh gu cunbhalach bho air feadh Alba is dùthchannan eile. Tha an làrach-lìn seo agus na pròghraman fìor mhath a gheibhear air BBC ALBA agus BBC Radio nan Gàidheal a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig air taic is goireasan glè fheumail. Leis an rannsachadh a thathar a' dèanamh an-dràsta, gheibh sinn tuigse nas fheàrr air feumalachdan nan inbheach a tha ag ionnsachadh Gàidhlig a chuidicheas sinn le bhith a' dealbh ro-innleachdan a bheir taic dhaibh san ùine air thoiseach.

Tha na cothroman a th' ann airson Gàidhlig ionnsachadh is a chleachdadh san àite-obrach air a dhol an àird mar thoradh air na Planaichean Gàidhlig air feadh roinn phoblach na h-Alba. Tha tòrr fhastaichean a' toirt taic don luchd-obrach aca airson Gàidhlig ionnsachadh gus an urrainn dhaibh seirbheis nas fheàrr a thoirt don phoball.

## *Ionnsachadh na Gàidhlig*

*Tha fàs is adhartas air a bhith ann ann am foghlam. Gach bliadhna faodaidh sinn iomairtean ùra a chomharrachadh a tha a' neartachadh foghlam Gàidhlig ann an sgoiltean na h-Alba.*

*Tha co-aonta soilleir ann gu bheil foghlam Gàidhlig deatamach don amas fàs a thoirt air a' Ghàidhlig agus air an adhbhar sin bidh foghlam is ionnsachadh aig cridhe a' Phlana seo, mar a bha sa Phlana mu dheireadh. Bidh iad mar phàirt de na prìomh raointean is geallaidhean iomchaidh airson dèanamh cinnteach gun lean an leudachadh is adhartas.*

*Tha beachd soilleir againn gu bheil foghlam Gàidhlig a' cuideachadh gu mòr leis an amas gus leudachadh a thoirt air an àireamh dhaoine a tha a' bruidhinn, a' cleachdadh agus ag ionnsachadh a' chànain. Tha foghlam Gàidhlig cuideachd a' dèanamh feum ann an raointean eile co-cheangailte ri Gàidhlig, leithid nan ealain is an eaconamaidh. Mar sin, tha e follaiseach dhuinn gum feumar cumail a' dol leis an adhartas agus togail air.*

*Taobh a-muigh foghlam foirmeil, feumaidh sinn taic a chumail suas agus cur ris an taic do theaghlaichean, coimhearsnachdan, àiteachan-obrach agus daoine gus am faigh iad cothrom air caochladh dhòighean airson sgilean Gàidhlig ionnsachadh, co-dhiù a tha iad ag ionnsachadh sgilean tuigsinn, labhairt, leughaidh no sgrìobhaidh.*

## Inbhe na Gàidhlig

Tha piseach mòr air tighinn air inbhe na Gàidhlig ann an Alba sna beagan bhliadhnaichean a chaidh seachad. Tha sinn a' ciallachadh le sin, gu bheil am mòr-shluagh a' toirt barrachd aithne is taic don chànan agus gu bheil tòrr ùghdarrasan poblach ann an Alba air a bhith gu math taiceil don Ghàidhlig.

Tha Riaghaltas na h-Alba air adhartas a dhèanamh le grunn phrìomhachasan Gàidhlig o chionn ghoirid; tha Pàrlamaid na h-Alba air taic chunbhalach a thoirt don Ghàidhlig agus tha grunn ùghdarrasan air taic chudromach a nochdadh dhi. Tha an obair a rinn Bòrd na Gàidhlig air Planaichean Gàidhlig air cur ri inbhe a' chànain air feadh còrr is 50 ùghdarras poblach.

Tha e cudromach ann a bhith a' gleidheadh suidheachadh na Gàidhlig ann an Alba gun dèanar

cinnteach gu bheil beachdan bàidheil aig daoine aig nach eil Gàidhlig don chànan. Ann an 2011 is 2013 chaidh sgrùdaidhean air beachdan a dhèanamh a sheall gu soilleir gun robh a' mhòr-chuid de dhaoine ann an Alba mothachail air a' Ghàidhlig agus gun robh iad taiceil dhi. Cuideachd, sheall na sgrùdaidhean sin gun robh BBC ALBA na chuideachadh ann a bhith a' brosnachadh bheachdan taiceil am measg dhaoine ann an Alba don Ghàidhlig.

Ge-tà, chithear nàimhdeas don Ghàidhlig sna meadhanan fhathast agus an lùib poilitigs uaireannan. Gus dèiligeadh ri sin, tha e cudromach gun tèid deagh ìomhaigh a chur air adhart sna meadhanan airson a' chànain agus stiùiridh Bòrd na Gàidhlig an obair còmhla ri prìomh luchd-compàirt airson dèanamh cinnteach gun lean an deagh-ghean don Ghàidhlig. Tha taic is ceannas Riaghaltas na h-Alba cudromach don obair seo.

## *CO-DHÙNADH*

*Tha sinn air adhartas math a dhèanamh le leasachadh na Gàidhlig, ach tha tòrr ri dhèanamh fhathast. Bhon gheàrr-chunntas gu h-àrd air buaidh nan iomairtean a th' ann, tha e soilleir gum feum sinn cumail oirnn leis an adhartas agus togail air sin tro gheallaidhean ùra.*

*Cuideachd, às dèidh dhuinn sùil a thoirt air na h-iomairtean a th' ann an-dràsta, thàinig sinn chun a' cho-dhùnaidh gu bheil grunn phrìomh raointean ann far a bheil tuilleadh leasachaidh a dhìth. Chaidh an comharrachadh fo na cinn seo: a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig, a' toirt fàs air ionnsachadh na Gàidhlig agus a' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig.*

*Seo na trì cinn fon deach ar prìomhachasan is geallaidhean a chomharrachadh. Tha sinn a' tuigsinn gum bi cuid a phrìomhachasan is geallaidhean a' cuideachadh leis na trì amasan seo.*

# COIMHEARSNACHDAN GÀIDHLIG

# 6

Ann a bhith a' toirt nam prìomhachasan is geallaidhean againn gu buil, feumaidh sinn aithneachadh nach eil a h-uile neach-cleachdaidh na Gàidhlig coltach ri chèile, agus gu bheil tòrr dhaoine ann an coimhearsnachdan eadar-dhealaichte air feadh Alba a' roghnachadh Gàidhlig a chleachdadh, ann an eileanan is sgìrean dùthchail, cho math ri bailtean is bailtean-mòra. Tha coimhearsnachdan Gàidhlig ann an dùthchannan eile cuideachd, agus tha teicneòlas air coimhearsnachd de sheòrsa eile a chruthachadh, tro rèidio, telebhisean agus air-loidhne, a tha a' dèanamh ceangal eadar daoine air feadh an t-saoghail.

Ma thathar a' dol a thoirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig air feadh nan coimhearsnachdan seo, bidh diofar fhuasglaidhean a dhìth. Ach cuideachd, bidh cothroman mòra ann far an urrainn do na diofar choimhearsnachdan taic a chumail ri chèile. Anns gach seòrsa coimhearsnachd, tha obair shaor-thoileach air a bhith air leth cudromach agus bidh sin a cheart cho fìor san àm ri teachd. Ge-tà, tha e cudromach gum bi tuigse againn air feumalachdan nan diofar choimhearsnachdan agus gun tèid frithealadh orra leis an taic a bheirear seachad.

## Coimhearsnachdan Eileanach is Dùthchail

Feumar oidhirp a dhèanamh gu sònraichte gus Gàidhlig a ghleidheadh is a neartachadh sna coimhearsnachdan eileanach is dùthchail far a bheil i fhathast an ìre mhath làidir agus na ciad chànan do chuid mhath den t-sluagh.

’S e aon de na dùbhlain as motha a tha ro na coimhearsnachdan seo sluagh a ghleidheadh a tha a’ cosnadh. Tha na ro-mheasaidhean deamografach airson nan Eilean Siar a’ sealltainn gum faodadh àireamh an t-sluaigh tuiteam còrr is 13% ro 2039, agus iad a’ call òigridh gu h-àraidh.

A rèir rannsachadh a rinneadh ann an 2015, b’ iad na còig adhbharan bu mhotha a dhèanadh an sgìre na àite tarraingeach do dh’òigridh airson a bhith a’ fuireach, ag obair is ag ionnsachadh: 1) Obraichean matha 2) Cothroman gus adhartas a dhèanamh ann an dreuchdan 3) Cothroman matha air taigheadas 4) Cothroman matha air foghlam adhartach is àrd-ìre, agus 5) Goireasan còmhdhail aig prìs reusanta. B’ e adhbhar cudromach eile a thog daoine òga, ceangal luath ri teicneòlas didseatach is fòn-làimhe.

Feumaidh sinn spionnadh as ùr a thoirt do choimhearsnachdan eileanach is dùthchail Gàidhlig gus an òigridh a ghleidheadh is a tharraing. Bidh fuasglaidhean innleachdach a dhìth bho dhiofar luchd-compàirt a thaobh obraichean, taighean aig prìs reusanta sna h-àiteachan ceart, deagh sheirbheisean cùraim slàinte is cùraim-chloinne, goireasan còmhdhail cunbhalach aig prìs reusanta agus ceangal luath ri seirbheisean banna-leathainn agus fòn-làimhe. Dh’fhaodadh na coimhearsnachdan seo an cothrom a thoirt do dhaoine a tha ag ionnsachadh a’ chànain, àireamh a tha a’ fàs, a dhol gu bhith nan luchd-cleachdaidh misneachail.

## Bailtean is Bailtean-mòra

’S ann ann am bailtean is bailtean-mòra na h-Alba a chunnacas an t-àrdachadh bu mhotha ann an àireamh luchd-cleachdaidh na Gàidhlig o chionn ghoirid, agus foghlam tron Ghàidhlig na adhbhar mòr airson sin. Sna bailtean seo, ’s e as motha a tha dhìth daoine a thoirt còmhla nas trice – gu h-àraidh òigridh còmhla ri inbhich – agus tha cothrom mòr an lùib sin airson coimhearsnachdan làidir a chruthachadh a bheir barrachd chothroman do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh sna bailtean.

Tha tachartasan ealain is cultarach Gàidhlig a’ dèanamh diofar mòr mu thràth. Feumar leudachadh air seo, agus air raointean bunaiteach eile a bheir cothroman do dhaoine Gàidhlig a chleachdadh co-dhiù an ann spòrs, trèanadh no tachartasan sòisealta. Le sin, thèid coimhearsnachdan brìoghmhor is treun a stèidheachadh às an tig tuilleadh fàis.

## Coimhearsnachdan Ceangailte tro Theicneòlas

Faodaidh tòrr chothroman a bharrachd a bhith ann don Ghàidhlig le teicneòlas. Tha Gàidhlig air a cleachdadh barrachd tro mheadhanan rèidio is sgrion san latha an-diugh agus tha cothrom ann do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig gu nàiseanta is gu h-eadar-nàiseanta barrachd bhuannachdan sòisealta is eaconamach fhaotainn tron teicneòlas sin.

Aig an aon àm, tha daoine òga a’ coimhead air nas lugha de TBh traidiseanta agus tha e na dhùbhlan dhuinn susbaint dhidseatach Ghàidhlig a chruthachadh a bhios tarraingeach is inntinneach dhaibh ma tha sinn airson gun cùm iad orra a’ gabhail ùidh ann agus a’ cruthachadh susbaint Ghàidhlig. Tha e deatamach don chànan gun tèid seo a dhèanamh.

# A' CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

7

# A’ TOIRT FÀS AIR CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

## Prìomh Raointean

- Iomairtean a bhios a’ brosnachadh dhaoine gu bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig sna dachaighean is coimhearsnachdan aca
- Iomairtean a bhios a’ brosnachadh dhaoine òga gu bhith a’ cleachdadh na Gàidhlig
- Gàidhlig sna meadhanan traidiseanta is ùra
- Gàidhlig sna h-ealain, ann am foillseachadh agus sna gnìomhachasan cruthachail
- Planaichean Gàidhlig
- Gàidhlig san àite-obrach
- Cleachdadh na Gàidhlig sna gnìomhachasan co-cheangailte ri dualchas, turasachd, biadh is deoch, an àrainneachd agus cur-seachadan
- Iomairtean a neartaicheas beairteas, buntainneas is cunbhalachd a’ chànain
- Iomairtean a bhrosnaicheas ceanglaichean le luchd na Gàidhlig thall thairis agus le mion-chànanan eile

Ann an co-bhuinn ri ar prìomh luchd-compàirt, nì sinn oidhirp mhòr gus fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig.

Bidh grunn iomairtean mar phàirt de sin a dh'fhaodadh buaidh a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig ann an dachaighean is coimhearsnachdan, agus bithear gu h-àraidh ag amas air taic is brosnachadh a thoirt do dh'òigridh.

Bithear a' cuimseachadh air coimhearsnachdan dùthchail Gàidhlig, cothroman airson Gàidhlig a chleachdadh ann am bailtean is bailtean-mòra na h-Alba, agus air barrachd cheanglaichean a thogail tro theicneòlas.

Tha e a' fàs nas follaisiche gu bheil a' Ghàidhlig cudromach don eaconamaidh, chan e dìreach an luach ionmhasail a chuireas an cànan rithe ach cuideachd mar tha Gàidhlig a' cur ri misneachd dhaoine agus gam brosnachadh gu bhith ri obair thionnsgalach. Le bhith a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig, gu h-àraidh ann an coimhearsnachdan eileanach is dùthchail, tha cothrom ann dèiligeadh ri cuid de na dùbhlain a tha ro na coimhearsnachdan sin.

Tha na meadhanan Gàidhlig air leth cudromach do Ghàidhlig ann an Alba agus don iomairt gus fàs a thoirt air cleachdadh a' chànain. Tha iad a' gabhail a-steach obair MG ALBA, an co-obrachadh leis a' BhBC airson BBC ALBA agus an obair a nì companaidhean riochdachaidh neo-eisimeileach.

Tha na buannachdan a thig bho na meadhanan Gàidhlig a' gabhail a-steach iomadh raon is roinn, agus a bharrachd air an taic a bheir iad do dh'ionnsachadh, tha iad a' cuideachadh gu mòr agus ann an dòigh shònraichte le bhith a' toirt fàs air cleachdadh na Gàidhlig.

Nuair a thèid Gàidhlig a chleachdadh sna h-ealain is raointean cruthachail eile, thig grunn bhuannachdan à sin eadar bhuannachdan eaconamach is a' cur ri tarraing na Gàidhlig agus dìlseachd don chànan am measg dhaoine. Cuideachd, gheibh daoine cothroman eile an lùib nan ealain gus sgilean a leasachadh, na h-ealain fhaicinn, pàirt a ghabhail annta agus an cuid ealantais a thaisbeanadh. Bidh sin a' tachairt aig ìre na coimhearsnachd, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta.

Tha cothroman nach beag cuideachd an lùib nan gnìomhachasan co-cheangailte ri dualchas, turasachd, biadh is deoch, an àrainneachd agus cur-seachadan airson Gàidhlig a chleachdadh. 'S urrainn don Ghàidhlig luach a chur riutha agus i a' buntainn ri cultar àraid, àrainneachd air leth agus nàdar, agus i mar sin na meadhan air turas gun a shamhail a thoirt don luchd-turais agus air beagan tuigse a thoirt dhaibh air dualchas na h-Alba tro dhiofar chur-seachadan.

Tha cothroman eile ann an lùib nan gnìomhachasan traidiseanta, leithid iasgaich is croitearachd, agus an lùib roinnean leithid slàinte is cùram sòisealta gus Gàidhlig a chleachdadh agus airson cur ri luach a' chànain do dhaoine a tha ga bruidhinn. Dh'fhaodadh an aon leithid a bhuaidh a bhith aig an leudachadh a tha air tighinn air fearann fo shealbh choimhearsnachdan cuideachd.

Tha buannachdan soilleir ann leis na ceanglaichean ri luchd na Gàidhlig ann an Canada agus na ceanglaichean ri Èirinn. Cha bheag na cothroman a th' ann airson fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig, co-obrachadh a bhrosnachadh agus ruigsinneachd eadar-nàiseanta na Gàidhlig a leudachadh.

Leis na prìomhachasan seo, bheir sinn fàs air cleachdadh na Gàidhlig.



## Prìomh Gheallaidhean Ùra

Cumaidh sinn ar n-aire gu dlùth air na prìomhachasan a chithear san earrainn seo oir tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha iad don Ghàidhlig ann an Alba.

Tha fios againn cuideachd gu bheil raointean ann far a bheil cuideam as ùr no iomairtean ùra a dhìth. Chithear iad sin ainmichte gu h-ìosal mar phrìomh gheallaidhean agus tha ceangal soilleir aca ris na prìomh raointean is ri àrd-amas a' Phlana.

Tha sinn cinnteach gu bheil na prìomh gheallaidhean seo a' cur ris na h-iomairtean a th' ann mu thràth no gun cuidich iad le bhith a' faighinn fuasgladh air cnapan-starra a chaidh a chomharrachadh.

Nì sinn cinnteach, ann an co-bhuinn ri prìomh luchd-compàirt, gun dèanar deagh adhartas leis na geallaidhean gu h-ìosal rè ùine a' Phlana seo.

## Teaghlaichean

Tha e riatanach gun tèid Gàidhlig a chleachdadh le teaghlaichean agus ann an coimhearsnachdan far a bheil àireamh àird de luchd-labhairt na Gàidhlig a' fuireach. Thèid sgrùdadh a dhèanamh air na h-iomairtean a th' ann gus piseach a thoirt orra agus airson beàrnan is cothroman ùra a chomharrachadh.

## Daoine Òga

Thèid iomairtean a stèidheachadh airson cur ris na th' ann de chur-seachadan is spòrs tharraingeach agus gus cur ris na th' ann de dhaoine a tha a' gabhail pàirt annta.

Thèid maoin a stèidheachadh le diofar bhuidhnean a bheir taic do dhaoine òga gus meadhanan is susbaint dhidseatach ùr a chruthachadh.

## Coimhearsnachdan le Àireamh Àrd de Luchd-labhairt na Gàidhlig

Thèid maoin a stèidheachadh le diofar bhuidhnean mar thaic do phròiseactan aig buill Fearann Coimhearsnachd na h-Alba agus aig buidhnean eile a chuireas ri luach sòisealta is eaconamach na Gàidhlig.

## Coimhearsnachdan ann am Bailtean is Bailtean-mòra

Thèid iomairtean spòrs is ealain ùra a stèidheachadh a chruthaicheas barrachd chothroman airson Gàidhlig a bhruidhinn.

Thèid pròg ram-taice a dhealbh a bhios a' toirt tuilleadh spionnaidh do choimhearsnachdan Gàidhlig ann am bailtean is bailtean-mòra.

## Gàidhlig san Eaconamaidh

Ann an co-bhuinn ri buidhnean poblach eile, nithear cinnteach gun cuir Gàidhlig ri ath-nuadhachadh eaconamach an lùib leasachaidhean leithid na feadhna ann an Loch Abar, Leòdhas, Uibhist a Deas, Ros an Iar agus eile.

## Gàidhlig san Àite-obrach

Thèid iomairt ùr a stèidheachadh a bhios a' brosnachadh dhaoine gus Gàidhlig a chleachdadh san àite-obrach sna roinnean prìobhaideach, saor-thoileach is poblach, agus bithear gu sònraichte ag amas air sgilean Gàidhlig dhaoine òga sna coimhearsnachdan eileanach is dùthchail a chur gu feum.

## Trèanadh tron Ghàidhlig

Bidh barrachd chothroman trèanaidh is nuadh-phreantasachdan rim faotainn tron Ghàidhlig, gu h-àraidh ann an coimhearsnachdan le cuid mhath luchd-labhairt na Gàidhlig.

## Turasachd is Dualchas na Gàidhlig

Bheirear taic do bhuidhnean a tha a' cleachdadh na Gàidhlig an lùib turasachd, dualchais is ghnìomhachasan co-cheangailte ris na raointean sin, agus mar phàirt de sin thèid ro-innleachd turasachd na Gàidhlig a dhealbh 's a chur an gnìomh.

## Na h-Ealain Ghàidhlig

Chaidh adhartas a dhèanamh le bhith a' stèidheachadh ionad ùr ann an Uibhist a Deas airson foghlam is ealain na Gàidhlig. Bheirear taic do gach buidheann is duine a tha an sàs ann airson dèanamh cinnteach gun tèid an t-ionad a chur air bhonn is a ruith tron cho-obrachadh aca.

Tha grunn bhuidhnean ann a tha cudromach do na h-ealain Ghàidhlig. Thèid iomairt a stèidheachadh gus cur ri seasmhachd na roinne thar ùine fhada, agus a neartaicheas ìomhaigh is buaidh nan ealain Gàidhlig.

## Gàidhlig Thall Thairis

Thèid ceanglaichean nas dlùithe a thogail le Alba Nuadh agus thèid iomairtean a chomharrachadh a chuireas ris a' cho-obrachadh eadarainn.

Thèid pròiseactan rannsachaidh com-pàirteach a chur air dòigh le buidhnean ann an Èirinn gus faicinn dè na cothroman a th' ann a bhith ag obair còmhla air leasachaidhean, gu h-àraidh a thaobh teicneòlas cànain.

## Prìomh Ùghdarrasan is Buidhnean Poblach

Gu h-ìosal chithear liosta de na h-ùghdarrasan is buidhnean aig a bheil àite cudromach ann a bhith a' coileanadh nam prìomhachasan is geallaidhean a chithear san earrainn seo. Tha tòrr dhiubh iad fhèin air geallaidhean luachmhor a thoirt seachad airson na Gàidhlig.

Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach Albannach, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA, Alba Chruthachail, VisitAlba, Iomairt na Gàidhealtachd is nan Eilean, Àrainneachd Eachdraidheil Alba, sportscotland, Oifis Iomairtean na Gàidhlig (Alba Nuadh), Foras na Gaeilge (Èirinn), agus buidhnean Gàidhlig.

# IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

8

# A’ TOIRT FÀS AIR IONNSACHADH NA GÀIDHLIG

## Prìomh Raointean

- Gàidhlig san teaghlach
- A’ trusadh, a’ gleidheadh, a’ trèanadh agus a’ solarachadh luchd-obrach airson Foghlam tron Ghàidhlig
- Goireasan is taic airson ionnsachadh
- Gàidhlig ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne (TCC)
- Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean
- Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) ann am bun-sgoiltean is àrd-sgoiltean
- Gàidhlig ann am Foghlam Àrd-ìre is Adhartach
- Ionnsachadh na Gàidhlig do dh’inbhich

Ann an co-bhuinn ri ar prìomh luchd-compàirt, nì sinn obair mhòr mu choinneamh iomadh raon de dh'ionnsachadh na Gàidhlig. Tha sin a' gabhail a-steach nan raointean uile a chithear air an duilleig roimhe co-cheangailte ri ionnsachadh foirmeil agus neo-fhoirmeil.

Tha an dachaigh fhathast na h-àite cudromach far am bi pàrantan a' toirt a' chànain do an cuid chloinne agus tha cothroman ann cur ris an tuigse a th' againn air carson a tha i cho cudromach agus taic a thoirt do phàrantan le bhith a' toirt na Gàidhlig don ath ghinealach.

Tha e riatanach gum bi luchd-obach proifeiseanta gu leòr ann ma thathar a' dol a thoirt leudachadh air FtG, mar sin tha sinn fhathast a' cur prìomhachas air a bhith a' trusadh is a' gleidheadh is a' toirt oideachadh do thidsearan Gàidhlig agus a bhith a' dèanamh sanasachd air teagasg mar dhreuchd agus air a bhith a' lìonadh dhreuchdan bàna. Cumaidh sinn oirnn a' toirt sùil gu sònraichte air na slighean gu teagasg ann am FtG. Tha sinn airson gum bi taic mhath dha-rìribh ann do thidsearan agus gum bi e na amas fhathast sàr fhoghlam Gàidhlig a thoirt seachad.

Tha prìomhachas fhathast ga thoirt do ghoireasan is taic do thidsearan, luchd-obrach taice agus sgoilearan, agus tha prìomhachas air ionnsachadh is leasachadh proifeiseanta do luchd-obrach. Tha iad seo a' cur gu mòr ri sàr oideachadh ann am FtG is FLI. Nì sinn cinnteach gun tèid An Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig a shanasachd is a chleachdadh gu fad is farsaing agus gun tèid aithneachadh mar am prìomh stiùireadh ùghdarrasail airson foghlam Gàidhlig.

Bidh sinn a' brosnachadh fàs ann am FtG, agus cothroman is sanasachd air. Bheir sinn taic do phàrantan is luchd-cùraim a tha airson an cuid chloinne a chur gu FtG agus don fheadhainn a tha ag iarraidh sgoil FtG a stèidheachadh san sgìre aca. Tha cumhachan cudromach ann an Achd an Fhoghlaim 2016 airson teaghlaichean a tha a' toirt chòraichean ùra dhaibh is do Chomann nam Pàrant co-cheangailte ri FtG.

Tha Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne na Gàidhlig na phàirt cudromach de dh'fhoghlam Gàidhlig agus den iomairt gus Gàidhlig a dhaingneachadh is a neartachadh ann an Alba.

Feumaidh sinn oidhirp mhòr a dhèanamh a thaobh FLI ann an sgoiltean agus feumar deagh fheum a dhèanamh de na cothroman trèanaidh is goireasan sàr mhath a tha rim faotainn. Obraichidh sinn airson dèanamh cinnteach gun tèid barrachd sgoilearan an sàs ann am FLI sa bhun-sgoil agus san àrd-sgoil.

Cuideachd, cumaidh sinn oirnn a' cur prìomhachas air gach raon de dh'fhoghlam seach-sgoile na Gàidhlig. Tha sin a' gabhail a-steach na h-obrach ionmholta a bhios oilthighean is colaistean a' dèanamh. Leanaidh sinn oirnn leis an taic do chothroman ionnsachaidh do dh'inbhich, don fheadhainn a tha airson an cànan ionnsachadh agus don fheadhainn a bhios ga cleachdadh nan obair, agus leis an taic do ghoireasan is oidean.

Leis na prìomhachasan seo, bheir sinn fàs air ionnsachadh na Gàidhlig.

## Prìomh Gheallaidhean Ùra

Cumaidh sinn ar n-aire gu dlùth air na prìomhachasan a chithear san earrainn seo oir tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha iad don Ghàidhlig ann an Alba.

Tha fios againn cuideachd gu bheil raointean ann far a bheil cuideam as ùr no iomairtean ùra a dhìth. Chithear iad sin ainmichte gu h-ìosal mar phrìomh gheallaidhean agus tha ceangal soilleir aca ris na prìomh raointean is ri àrd-amas a' Phlana.

Tha sinn cinnteach gu bheil na prìomh gheallaidhean seo a' cur ris na h-iomairtean a th' ann mu thràth no gun cuidich iad le bhith a' faighinn fuasgladh air cnapan-starra a chaidh a chomharrachadh.

Nì sinn cinnteach, ann an co-bhuinn ri prìomh luchd-compàirt, gun dèanar deagh adhartas leis na geallaidhean gu h-ìosal rè ùine a' Phlana seo.

## Bho Phàrant gu Pàiste

Thèid iomairtean ùra a stèidheachadh a bheir taic do theaghlaichean airson Gàidhlig a chleachdadh còmhla ri an cuid chloinne.

LearnGaelic

'S E LATHA BRÈAGHA A TH' ANN
IT IS A LOVELY DAY

THA MI DEISEIL
I AM READY

BHA MI A' COISEACHD
I WAS WALKING

THA I TIORAM
IT IS DRY

BIADH
FOOD

UISGE
WATER

## Luchd-obrach airson Foghlam Gàidhlig

Thèid coimhead air dòighean ùra gus tidsearan Gàidhlig a thrusadh, a ghleidheadh is oideachadh agus sanasachd a dhèanamh air teagasg Gàidhlig mar dhreuchd, agus thèid sùil a thoirt air na dòighean a th' ann a-cheana feuch a bheil uireasbhaidhean ann. Feumar cuideachd aire a thoirt do luchd-obrach eile leithid luchd-obrach TCC agus luchd-taice cànain.

## An Stiùireadh airson Foghlam Gàidhlig

Tha Bòrd na Gàidhlig air Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig fhoillseachadh, agus còmhla ri ar luchd-compàirt, nì sinn cinnteach gun tèid a sgaoileadh is aithneachadh gu fad is farsaing mar am prìomh stiùireadh ùghdarrasail airson foghlam Gàidhlig.

## Foghlam tron Ghàidhlig: Taic do Phàrantan

Bheir Bòrd na Gàidhlig taic do phàrantan a chuireas tagradh a-steach airson foghlam Gàidhlig do an cuid chloinne fo chumhachan Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 a chaidh a chur an gnìomh ann an 2017.

## FtG ann an Sgìrean le Àireamh nach Beag de Luchd-labhairt na Gàidhlig

A rèir a' Chunntais-shluaigh ann an 2011 bha caogad paraiste chatharra ann far an robh co-dhiù 5% den t-sluagh nan luchd-labhairt na Gàidhlig. Tha e na amas gum bi cothrom aig daoine òga anns a h-uile gin de paraistean sin air FtG.

## Sgoiltean Gàidhlig

Tha e na amas gun tèid àrdachadh air an àireimh de sgoiltean Gàidhlig bho sia gu deich rè ùine a' Phlana seo tro mhaoineachadh calpa bho RnA.

## e-Sgoil

Bheirear taic don amas gus leudachadh air na cothroman airson cuspairean ionnsachadh tron Ghàidhlig le e-Sgoil. Bidh seo mar chothrom ionnsachaidh a bharrachd agus cha bhi e a' dol an àite nan dòighean-teagaisg traidiseanta.

## A' Toirt Fàs air Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne na Gàidhlig

Tha e na amas fàs a thoirt air TCC na Gàidhlig agus gum bi seirbheisean TCC na Gàidhlig ann co-cheangailte ris a h-uile bun-sgoil no roinn bun-sgoile FtG.

## Leudachadh air Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne na Gàidhlig

Tha e na amas dèanamh cinnteach gum faigh TCC na Gàidhlig buannachdan bhon leudachadh aig RnA air na h-uairean, agus gun tèid gach iomairt a th' ann mu thràth a ghleidheadh.

## Trèanadh airson TCC na Gàidhlig

Thèid cùrsaichean tron Ghàidhlig a stèidheachadh ann an Àrach Cloinne.

## Ionnsachadh na Gàidhlig do dh'Inbhich

Thèid na goireasan a th' ann do dh'inbhich a tha ag ionnsachadh Gàidhlig a leasachadh agus nithear cinnteach gun tèid uireasbhaidhean san taic is sna seirbheisean a chomharrachadh is gun tèid dèiligeadh riutha.

## Prìomh Ùghdarrasan is Buidhnean Poblach

Gu h-ìosal chithear liosta de na h-ùghdarrasan is buidhnean aig a bheil àite cudromach ann a bhith a' coileanadh nam prìomhachasan is geallaidhean a chithear san earrainn seo. Tha tòrr dhiubh iad fhèin air geallaidhean luachmhor a thoirt seachad airson na Gàidhlig.

Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach Albannach, Comhairle Maoineachaidh na h-Alba, Foghlam Alba, Ùghdarras Theisteanas na h-Alba, Leasachadh Sgilean na h-Alba, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA, Ionadan Foghlam Adhartach is Àrd-ìre, Comann nam Pàrant.

# A' CUR NA GÀIDHLIG AIR ADHART

9

# A’ CUR DEAGH ÌOMHAIGH AIR ADHART AIRSON NA GÀIDHLIG

## Prìomh Raointean

- Taic airson na Gàidhlig bho Riaghaltas na h-Alba, a’ Phàrlamaid agus taic phoilitigeach san fharsaingeachd
- Planaichean Gàidhlig air an cur an gnìomh le ùghdarrasan poblach (ùghdarrasan ionadail is buidhnean poblach)
- A’ cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig agus a’ togail aire don chànan tro:
    - na meadhanan Gàidhlig is meadhanan eile
    - foghlam Gàidhlig aig gach ìre, agus
    - na h-ealain Ghàidhlig
- A’ dèanamh follaiseach luach sòisealta, eaconamach is cultarach na Gàidhlig
- Teachdaireachdan taiceil is brosnachail mun Ghàidhlig, dà-chànanas, agus mu iomadachd is in-ghabhail

Ann an co-bhuinn ri ar prìomh luchd-compàirt, nì sinn oidhirp mhòr gus dèanamh cinnteach gun tèid deagh ìomhaigh a chur air adhart airson na Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach nan raointean air an duilleig roimhe.

Bidh an obair seo a' gabhail a-steach diofar iomairtean a dh'fhaodadh cur ri deagh ìomhaigh airson na Gàidhlig.

Tha taic is ceannas Riaghaltas na h-Alba (RnA) air feum mòr a dhèanamh don Ghàidhlig. Feuchaidh sinn ri dèanamh cinnteach gun lean an taic seo agus seallaidh sinn mar a tha a' Ghàidhlig a' cuideachadh leis na prìomhachasan eile aig RnA agus bidh sinn a' brosnachadh dhaoine le ùidh sa Ghàidhlig freagairtean a thoirt seachad do cho-chomhairleachaidhean.

Tha na Planaichean Gàidhlig air cur ri inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig ann an Alba, is air an cànan a thoirt gu aire barrachd dhaoine.  Ged a tha sinn a' gabhail ris gu bheil Planaichean Gàidhlig a' coileanadh iomadh rud, feuchaidh sinn ri dèanamh cinnteach gum bi deagh ìomhaigh an teis-meadhan na h-obrach aca.

Tha àite cudromach aig craoladh na Gàidhlig, agus na meadhanan eile, ann a bhith a' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig. Tha sgrùdaidhean air beachdan ann an 2011 is 2013 air sin a dhèanamh soilleir. Tha àite cudromach aig gach seòrsa ealain Ghàidhlig ann a bhith a' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig.

Cuideachd, fhad 's a tha foghlam na Gàidhlig a' dol am meud, tha sin a' cur ri deagh ìomhaigh na Gàidhlig. Faodaidh an siostam foghlaim a bhith na mheadhan èifeachdach gus cur ris an tuigse a th' aig daoine air àite na Gàidhlig ann an Alba an latha an-diugh.

Tha sinn ag aithneachadh gum feumar cunntas làidir is buadhach a thoirt air sgeulachd na Gàidhlig ann an Alba agus gum feumar teachdaireachdan soilleir is brosnachail a chur air adhart mu dheidhinn na Gàidhlig. Nì sinn cinnteach gun gabhar ris na cothroman airson sin a dhèanamh.

Leis na prìomhachasan seo, nì sinn cinnteach gun tèid deagh ìomhaigh a chur air adhart airson na Gàidhlig.

## Prìomh Gheallaidhean Ùra

Cumaidh sinn ar n-aire gu dlùth air na prìomhachasan a chithear san earrainn seo oir tha sinn ag aithneachadh cho cudromach 's a tha iad don Ghàidhlig ann an Alba.

Tha fios againn cuideachd gu bheil raointean ann far a bheil cuideam as ùr no iomairtean ùra a dhìth. Chithear iad sin ainmichte gu h-ìosal mar phrìomh gheallaidhean agus tha ceangal soilleir aca ris na prìomh raointean is ri àrd-amas a' Phlana.

Tha sinn cinnteach gu bheil na prìomh gheallaidhean seo a' cur ris na h-iomairtean a th' ann mu thràth no gun cuidich iad le bhith a' faighinn fuasgladh air cnapan-starra a chaidh a chomharrachadh.

Nì sinn cinnteach, ann an co-bhuinn ri prìomh luchd-compàirt, gun dèanar deagh adhartas leis na geallaidhean gu h-ìosal rè ùine a' Phlana seo.

## Riaghaltas na h-Alba is Pàrlamaid na h-Alba

Bidh luchd-taice na Gàidhlig a' cumail an aire air na geallaidhean manifesto, builean nàiseanta agus prìomhachasan poileasaidh aig RnA.

## An Saoghal Poblach

Cuiridh buidhnean Gàidhlig freagairtean a-steach do cho-chomhairleachaidhean nàiseanta. Le sin, bidh Gàidhlig air a cumail aig cridhe an deasbaid air poileasaidhean agus neartaichidh e inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig.

## Conaltradh

Gus cur ri ìomhaigh na Gàidhlig san fharsaingeachd, thèid sgeulachd na Gàidhlig a neartachadh le bhith a' sgaoileadh theachdaireachdan làidir a chaidh aontachadh is deagh naidheachdan mun Ghàidhlig ann an Alba agus le bhith a' toirt freagairt do sgeulachdan nàimhdeil no ceàrr.

## Luach Eaconamach na Gàidhlig

Thèid prìomh theachdaireachdan a sgaoileadh – am measg dhaoine, choimhearsnachdan, bhuidhnean

poblach is prìobhaideach – mun Ghàidhlig is na tha i a' cur ris an eaconamaidh.

## Comhairle air Dreuchdan

Nithear mìneachadh do phàrantan, sgoilearan, luchd-foghlaim, luchd-comhairle dhreuchdan, buidhnean prìobhaideach is poblach air luach sgilean Gàidhlig a thaobh chothroman cosnaidh is don eaconamaidh.

## Buaidh nas Fharsainge

Nithear conaltradh ris gach ùghdarras buntainneach mu na prìomh chùisean a bheir buaidh air a' Ghàidhlig ann an sgìrean le sluagh beag sa bheil àireamhan nas àirde sa cheud de luchd-labhairt na Gàidhlig.

## Co-ionannachd is Iomadachd

Thèid rannsachadh a dhèanamh air cùisean co-ionannachd is iomadachd a bhuineas ris a' Ghàidhlig agus thèid ro-innleachd a dhealbh gus cur às do na cnapan-starra.

## Prìomh Ùghdarrasan is Buidhnean Poblach

Gu h-ìosal chithear liosta de na h-ùghdarrasan is buidhnean aig a bheil àite cudromach ann a bhith a' coileanadh nam prìomhachasan is geallaidhean a chithear san earrainn seo. Tha tòrr dhiubh iad fhèin air geallaidhean luachmhor a thoirt seachad airson na Gàidhlig.

Riaghaltas na h-Alba, Pàrlamaid na h-Alba, Ùghdarrasan Ionadail, Buidhnean Poblach Albannach, Bòrd na Gàidhlig, MG ALBA, buidhnean Gàidhlig is eile.



# COILEANADH IS SGRÙDADH

# 10

Tha Am Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig a' cur nam prìomhachasan ro-innleachdail is geallaidhean ùra an cèill a tha dhìth gus fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig thairis air an ath chòig bliadhna.

Bidh e an urra ri tòrr dhiofar ùghdarrasan, bhuidhnean is choimhearsnachdan adhartas a dhèanamh leis na prìomhachasan is prìomh gheallaidhean seo. Thèid tòrr de na prìomhachasan is geallaidhean a choileanadh le ùghdarrasan poblach tro na Planaichean Gàidhlig aca agus thèid cuid dhiubh a thoirt air adhart le Bòrd na Gàidhlig, agus cuid eile le teaghlaichean, coimhearsnachdan agus buidhnean prìobhaideach.

Foillsichidh Bòrd na Gàidhlig Ro-innleachd Coileanaidh mhionaidich airson a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-23 sia mìosan às dèidh don Phlana seo a bhith air fhoillseachadh. Seallaidh e mar a thèid adhartas a dhèanamh leis gach prìomhachas is gealladh ùr, cò bheir air adhart iad agus dè na targaidean a bhios ann.

Gus sùil a chumail air adhartas leis a' Phlana, cruinnichidh is foillsichidh Bòrd na Gàidhlig fiosrachadh bho dhiofar àiteachan, leithid ùghdarrasan poblach, buidhnean Gàidhlig agus buidhnean coimhearsnachd ann an aithisg adhartais bhliadhnail air a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig.

'S e a th' aig cridhe a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig, agus thèid dòighean airson sin a thomhas a chruthachadh a bheir dealbh shoilleir dhuinn air buaidh nan iomairtean gus fàs a thoirt air cleachdadh na Gàidhlig.

Tha sinn gu mòr airson dèanamh cinnteach gum bi an sgrùdadh air coileanadh a' Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig cho fosgarra is fosgailte 's a ghabhas, feuch am bi tuigse aig a' mhòr-shluagh air na tha a' tachairt, air an adhartas a thathar a' dèanamh, air na dùbhlain a th' ann agus air na diofar dhòighean sa bheil sinn a' dèiligeadh ris na dùbhlain sin.